

<p><b>Stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig aig Bun-sgoil Thornliebank bhon Lùnastal 2023 agus air adhart - Co-chomhairle Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig 22 Sultain 2022</b></p>	<p><b>Establishment of a Gaelic Medium Primary Education at Thornliebank Primary School from August 2023 and beyond – Consultation Response by Bòrd na Gàidhlig 22 September 2022</b></p>
<p><b>A bheil sibh ag aontachadh leis a' mholadh: Tha / Chan eil</b></p> <p><b>Feuch an sgrìobh sibh na h-adhbharan / beachdan agaibh fodha:</b></p> <p>1. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig (FBMG) ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear, mar thoradh air iarrtas soirbheachail le pàrantan a' cleachdadh na solaraichean ann an Achd Foghlam Alba (2016), mar a chaidh mìneachadh anns an <a href="#">Stiùireadh Reachdail mu Foghlam Gàidhlig</a>.</p> <p>2. Tha am pàipear co-chomhairle ag ràdh gu bheil Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a' sireadh beachdan air na molaidhean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <i>am moladh solarachadh FBMG a stèidheachadh aig Bun-sgoil Thornliebank bhon Lùnastal 2023 agus air adhart.</i></li> <li>• <i>thòisicheadh an solarachadh sa chiad dol a-mach le clas measgachte de chloinn thar ìrean bliadhna P1-P3 a leudaicheadh gu dà chlas measgachte de P1-P3 agus P4-P7 mar a thèid clann air adhart tro na h-ìrean.</i></li> <li>• <i>tha crìoch na Comhairle air a mhìneachadh mar an sgìre-sgoile airson Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig (FBMG), a' còmhdaichadh nam bun-sgoiltean</i></li> </ul> <p style="text-align: right;">Beurla.</p> <p>3. A' Stèidheachadh Solarachadh FBMG aig Thornliebank</p> <p>3.1 Chaidh aire a thoirt do na h-adhbharan airson Bun-sgoil Thornliebank a mholadh agus na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <i>Cothrom air àiteachan sgoile airson FBMG a stèidheachadh ann an 2023</i></li> </ul>	<p><b>Do you agree with the proposal: Yes / No</b></p> <p><b>Please write your reasons / comments below:</b></p> <p>1. Bòrd na Gàidhlig welcomes the establishment of Gaelic Medium Primary Education (GMPE) in East Renfrewshire Council, as a result of a successful application by parents utilising the provisions in the Education Scotland Act (2016), as outlined in the <a href="#">Statutory Guidance for Gaelic Education</a>.</p> <p>2. The consultation paper outlines East Renfrewshire Council are seeking views on the following recommendations:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <i>the proposal to establish GMPE provision at Thornliebank Primary School from August 2023 and beyond.</i></li> <li>• <i>the provision would initially commence with a composite class of children across the year stages of P1-P3 which would extend to two composite classes of P1-P3 and P4-P7 as children progress through the stages.</i></li> <li>• <i>the Council's boundary has been defined as the delineated catchment area for Gaelic Medium Primary Education (GMPE), overlaying the English medium primary schools.</i></li> </ul> <p>3. Establishing GMPE Provision at Thornliebank</p> <p>3.1 The reasons for proposing Thornliebank Primary School and the following has been taken into consideration:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <i>Availability of school spaces for establishing GMPE in 2023</i></li> </ul>



- |   |  |
|---|--|
| <ul style="list-style-type: none"> <li>• <i>Na tha ri fhaotainn de rùm gus solar a mheudachadh san àm ri teachd</i></li> <li>• <i>An cothrom solarachadh a leudachadh san àm ri teachd gu 3-18</i></li> <li>• <i>Ruigsinneachd furasta dha teaghlaichean</i></li> <li>• <i>An comas aig an sgoil FBMG a dearbh-aithne àraid fhèin a bhith aice fhad 's a tha i ag amalachadh leis an sgoil nach eil ann am FBMG</i></li> <li>• <i>dleastanas na Comhairle 'leasachadh leantainneach ann an coileanadh a dhèanamh cinnteach (fhad 's a chumas iad cothromachadh iomchaidh eadar càileachd is cosgais); agus, ann a bhith a' dèanamh nan rèiteachaidhean sin agus a' daingneachadh a' chothromachadh sin, a' toirt aire do dh'eaconamaidh, dh'èifeachdas, bhuadhachd, an riatanas co-ionannachd chothroman agus cur ri coileanadh leasachadh seasmhach.)</i></li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>• <i>The availability of space to increase provision at a later date</i></li> <li>• <i>The opportunity to extend provision at a later date to 3-18</i></li> <li>• <i>Ease of access for families</i></li> <li>• <i>The ability for the GMPE school to have its own unique identity whilst integrating with the non-GMPE school</i></li> <li>• <i>the Council's duty to 'secure continuous improvement in performance (while maintaining an appropriate balance between quality and cost); and, in making those arrangements and securing that balance, to have regard to economy, efficiency, effectiveness, the equal opportunities requirement and to contribute to the achievement of sustainable development.)</i></li> </ul> |
|---|--|

3.2 Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear air beachdachadh gu h-iomchaidh chan ann a-mhàin air solarachadh a stèidheachadh ach air an t-solarachadh a dhòn san àm ri teachd gus dèanamh cinnteach gum bi leudachadh comasach. Tha Bòrd na Gàidhlig a' creidsinn gum bi FBMG ann an comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear na roinn tarraingeach airson pàrantan agus gu bheil coltas ann gum fàs na h-àireamhan san àm ri teachd.

3.3 Mar a chaidh a chomharrachadh ann an roinn 2.7 an Stiùireadh Reachdail mu Fhoghlam Gàidhlig: *Bu chòir do Ùghdarrasan ionadail a tha a' libhrigeadh FBMG beachdachadh gu gnìomhach air stèidheachadh solarachadh ELC Gàidhlig.* Tha a' Chomhairle air innse gur e adhbhar eile a tha seo ann a bhith a' taghadh Thornliebank leis gu bheil comas ann an-dràsta. Tha pàrantan air innse gu Bòrd na Gàidhlig gu bheil feum ann airson solarachadh ELC Gàidhlig.

3.4 Tha an co-chomhairle a' sealltainn gu bheil ceanglaichean còmhdhail math aig Bun-sgoil Thornliebank a bhios buannachdail do phàrantan a tha a' roghnachadh agus a' beachdachadh air FBMG.

#### **4. Solarachadh tòiseachadh agus san àm ri teachd**

4.1 Tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' cur fàilte air, mus deach a' chiad chlas co-dhèanta de P1-3 a stèidheachadh, gum biodh clas co-dhèanta sam bith san àm ri teachd mar P4-P7

3.2 Due consideration has been given by East Renfrewshire Council not only on establishing provision but future proofing provision to ensure expansion is possible. Bòrd na Gàidhlig believe that GMPE within East Renfrewshire council will be an attractive option for parents and that numbers are likely to grow in the future.

3.3 As highlighted in section 2.7 of the Statutory Guidance for Gaelic Education: *Local Authorities delivering GMPE should actively consider the establishment of Gaelic ELC provision.* The Council have indicated that this is another factor in opting for Thornliebank as currently, there is capacity. Parents have indicated to Bòrd na Gàidhlig that there is a need for Gaelic ELC provision.

3.4 The consultation highlights that Thornliebank Primary School has good transport links which will be beneficial to parents opting for & considering GMPE.

#### **4 Initial & future provision**

4.1 Bòrd na Gàidhlig also welcomes that prior to the initial composite class of P1-3 being established, any future composite class would be P4-P7 which



<p>a leigeadh leis an ìre bogaidh iomlan ann am P1-P3. Tha seo a rèir na comhairle anns an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig agus Foghlam Alba: <a href="#">Stiùireadh mu Foghlam Gàidhlig</a></p>	<p>would allow for the total immersion phase in P1-P3. This is in line with both the advice within the Statutory Guidance for Gaelic Education and Education Scotland's: <a href="#">Advice on Gaelic Education</a>.</p>
<p>4.2 Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air gu bheil Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear air comharrachadh gun tèid foghlam Gàidhlig a sholarachadh aig Àrd-sgoil Woodfarm san àm ri teachd. Neartaichidh comharrachadh solarachaidh Àrd-sgoile aig an ìre thràth seo Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig mar roghainnean tarraingeach do phàrantan is daoine òga.</p>	<p>4.2 Bòrd na Gàidhlig welcomes that East Renfrewshire Council have identified that Gaelic provision will be provided at Woodfarm High School in the future. Identifying Secondary provision at this early stage will further strengthen Gaelic Medium Education as attractive options for parents &amp; young people.</p>
<h2>5. Sgìre-sgoile</h2>	<h2>5 Catchment Area</h2>
<p>5.1 Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear air moladh gum biodh crìoch na comhairle gu lèir na sgìre-sgoile airson solarachadh FBMG. Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic don mholadh seo, agus tha seo a rèir nam molaidhean ann an roinn 2.54 an Stiùireadh Reachdail mu Foghlam Gàidhlig:</p> <p><i>Bu chòir sgìre-sgoile airson solarachadh FMG a bhith na sgìre far a bheil an t-ùghdarris foghlaim den bheachd gu bheil e reusanta do sgoilearan a tha airson solarachadh FMG fhaighinn siubhal don sgoil agus bu chòir gum biodh comas aca pàrantan a thàladh gu solarachadh FMG a thaghadh airson an cuid chloinne. Mar as trice bidh sgìrean-sgoile airson solar FMG a' còmhdaich grunn sgìrean-sgoile.</i></p>	<p>5.1 East Renfrewshire Council have proposed the whole council boundary becomes the catchment area for GMPE provision. Bòrd na Gàidhlig supports this proposal, and this is in line with the recommendations in section 2.54 of the Statutory Guidance for Gaelic Education: <i>A catchment area for GME provision should be an area in which the education authority thinks it is reasonable for pupils wishing to receive GME provision to travel to school and should have the potential to attract parents to choose GME provision for their children. Catchment areas for GME provision will normally overlay a number of school catchment areas.</i></p>
<h2>6. Co-dhùnadh</h2> <p>A' beachdachadh air na tha gu h-àrd gu lèir, tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic do na 3 molaidhean a tha air am mìneachadh sa mholadh.</p>	<h2>6 Conclusion</h2> <p>Considering all the above Bòrd na Gàidhlig supports all 3 of the recommendations outlined in the proposal.</p>

